

DA-AOBHAR-DHIAG AIR SON

SIR GOINNEACH GHEARRLOCH

A CHUR DO N' PHARLAMAI.

1. Tha e na shar Ghaidheal, agus tha Gaidhlig mhath aige.
2. Bha e riamh air taobh nan Gaidheal, 's air taobh na Gaidhlig.
3. 'S e Uachdaran is fhearr a tha 'n diugh air Gaidhealtachd na h-Alba.
4. Cha do chuir e fhein, 'athair, no 'sheanair, duine riamh dheth an oighreachd.
5. Cha 'n eil e 'cumail Siamarlan a' deanamh droch-bheairt is buaireadh eadar e fhein 'sa chuid daoine.
6. Cha 'n eil banntrach le dilleachdain a' paigheadh sgillinn mhail air an oighreachd gus an tig na gillean gu cuid fir.
7. Cha 'n eil tuathanach no croitear air an oighreachd aige-- agus cha robh bho'n fhuair e i--gun ghabhaltas.
8. 'N uair a thug e 'n dara gabhaltas do'n tuath, bho chionn ochd bliadhna, chuir e luchd-meas air an talamh, ag aithne orra gu'n chus mail a chur air an tuath, no air chor sam bith am fearann a chur daor orra.
9. An deighe'mal a shuidheachadh leis an luchd-mheasa so thug e 'm fearann do'n tuath, air gabhaltas chuig-bliadhna-diag, da thastan as a phunnd shassunnach na bu lugha na mheas iad e.
10. Mhaith e 'mal do iomadh duine bochd le teaghlach lag air son iomadh bliadhna nuair fhuair e'n oighreachd agus bho na fhuair e i.
11. Tha e mar chleachdadh aige nuair nach urrainn croitearan a' mal a phaigheadh air son iomadh bliadhna, a mhaithheadh uile dhoibh, agus aon chroit a thoir eadar dithis gun mhal idir.
12. Dheanadh e feum mor agus sonas do'n Ghaidhealtachd gu leir, air a h-uile doigh, leithid Shir Coinneach Ghearrloch a bhi air an taobh, agus a' seasamh suas air an son fein, air son an Ainm, an Eachdraidh, an Litreachas, am Bardachd, agus an Cliu ann am Parlamaid na Rìoghachd.

SUAS LEIS FHEARABH!!

CLANN nan GAIDHEAL an GUAILLEAN A CHEILE.

THUGAIBH FAINEAR, A DH-AINDEOIN CO THEIR A CHAOCHLA RIBH, GU'M BHEIL E DO-DHEANTA, DO DHUINE TH'AIR AN T-SAOGHAL—SIAMARLAN NO TIGHEARNA—FHAIGHINN A MACH CIAMAR A BHOTAIGEAS SIBH LE DOIGH UR NAN CROISEAGAN; AGUS THA NEACH SAM BITH A THEIR A CHAOCHLA AG INNSE' RUD NACH EIL CEART.

AL-ADOLPH-2-1848-1849

AL-ADOLPH-2-1848-1849

AL-ADOLPH-2-1848-1849

AL-ADOLPH-2-1848-1849

AL-ADOLPH-2-1848-1849

AL-ADOLPH-2-1848-1849

AL-ADOLPH-2-1848-1849